


Bìoball airson na Cloinne

A' cur fan comhair



Nèamh,
Dachaigh
Àillidh
Dhè



Sgriobhte le: Edward Hughes

Dealbhan le: Lazarus
Alastair Paterson

Eadar-theangaichte le: Sarah S.

Air eadar-theangachadh le:
Eleanor Wood agus Joan NicDhòmhnaill


Dèanta le: Bible for Children
www.M1914.org

©2020 Bible for Children, Inc.

Cead: Tha cead agaibh an sgeulachd seo a chlò-bhualadh,
agus leth-bhreacan a dhèanamh, fhad nach eil sibh gan reic.



Nuair a dh'fhuirich Ìosa air an talamh, dh'innis E dha na deisciobail Aige mu Nèamh. B' e "Dachaigh M' Athar" a bha Aige air agus thuirt E gun robh tòrr lùchairtean ann. 'S e dachaigh mhòr, bhrèagha a th' ann an lùchaint. Tha Nèamh nas motha agus nas bòidhche na dachaigh sam bith air an talamh.



Thuirt Ìosa, "Tha mi a' dol a dheasachadh àite ann dhuibh. Agus ma thèid mi a dheasachadh àite dhuibh, tillidh Mi a-rithist agus cuiridh Mi fàilte oirbh Mi fhìn." Chaidh Ìosa gu Nèamh, às dèidh Dha èirigh o na mairbh. Fhad 's a sheall A dheisciobail Air, chaidh Ìosa a thogail an-àirde agus thug sgòth E às an sealladh.




Bhon àm sin, tha cuimhne aig Crìosdaidhean air geallas Ìosa gun tilleadh E gus am faighinn. Thuirt Ìosa gun tilleadh E gun fhiosta, nuair nach biodh dùil Ris. Ach dè mu dheidhinn nan Crìosdaidhean a bhàsaicheas mus till E? Tha am Bioball ag ràdh gun tèid iad dìreach gu Ìosa. Ma tha sinn air ar corp fhàgail tha sin a' ciallachadh gu

bheil sinn leis an Tighearna.



Tha Taisbeanadh, leabhar mu dheireadh a' Bhìobaill, ag innse dè cho mìorbhaileach 's a tha Nèamh. 'S e an rud as mìorbhailiche gur e Nèamh dachaigh Dhè, ann an dùigh glè shònraichte. Tha


Dia air feadh an àite, ach tha A rìgh-chathair ann an Nèamh.



Tha aingealan agus nèamhaich a' dèanamh adhradh gu Dia ann an Nèamh. Tha agus a h-uile duine de mhuinntir Dhè a bhàsaich agus a chaidh a Nèamh. Tha iad a' seinn òran molaidh sònraichte gu Dia.




Seo faclan bho òran a bhios iad a' seinn: IS AIRIDH THUSA OIR SHAOR THU SINNE DO DHIA LED FHUIL, ÀS GACH TREUBH IS NÀISEAN, AGUS RINN THU RÌGHREAN IS SAGARTAN DHINN DAR DIA. (Tais. 5:9)



Tha duilleagan mu dheireadh a' Bhìobaill a' toirt dealbh air Nèamh mar "Ierusalem Ùr". Tha e glè, glè mhòr le balla àrd air an taobh a-muigh. Chaidh am balla a thogail le clach iaspair, soilleir mar criostal.

Tha bunaitean a' bhalla sgeadaichte leis a h-uile seòrsa

seud, a' deàlradh le dathan àlainn. Tha gach aon dhe na geataichean air an dèanamh de dh'aon neamhnaid mhòr!



Chan eil na geataichean mòra sin dùinte uair sam
bith. Nach tèid sinn a-staigh a choimhead... Oh!
Tha Nèamh nas bòidhche buileach a-staigh. Tha
am baile air a dhèanamh de dh'òr fìorghlan,
mar ghlainne
thrìd-shoilleir.


Tha fiù 's an
t-sràid air a
dhèanamh

de
dh'òr.




Tha abhainn àlainn, għlan e dh'duisge na beatha a' dol a-mach o rìgh-chathair Dhè. Air gach taobh den abhainn tha craobh na beatha, a fhuaras an toiseach ann an Gàrradh Eden. Tha a' chraobh seo glè shònraichte. Tha dusan seòrsa mheasan a' fàs oirre, fear eadar-dhealaichte gach mìos. Agus tha duilleagan na craibhe airson slànachadh nan


nàisean.




Chan eil feum aig Nèamh air a' ghrèin no air a' ghealaich airson solas. Tha glòir Dhè fhèin ga lionadh le soillse iongantach. Chan eil oidhche ann idir.



Tha fiù 's na beathaichean eadar-dhealaichte ann an Nèamh. Tha iad uile solt agus càirdeil. Tha madaidhean-allaidh agus uain ag ithe feur còmhla. Tha fiù 's leòmhannan mòra ag ithe connlach mar crodh. Tha AN TIGHEARNA ag ràdh "Cha ghortaich agus cha mhill iad Nam shliabh naomh-sa uile."



Nuair a tha sinn a' coimhead mun cuairt, mothachidh sinn gu bheil rudan a dhìth. Cha tèid faclan feargach a chluinntinn uair sam bith. Chan eil daoine a' sabaid agus chan eil iad fèineil.



Chan eil glasan air na dorsan oir chan eil mèirlach ann an Nèamh. Chan eil breugadairean, murtairean, buidsichean no daoine aingidh eile ann. Chan eil peacadh sam bith ann an Nèamh.




Ann an Nèamh còmhla ri Dia,
chan eil deòir ann tuilleadh.
Uaireannan anns a' bheatha
seo, bidh muinntir Dhè a'
rànaich air sgàth 's bròn
mòr. Ann an Nèamh, bheir
Dia a h-uile deur air falbh.



Chan eil bàs ann an Nèamh nas motha. Bidh
muinntir Dhè còmhla ris an Tighearna gu bràth.
Chan eil bròn, no rànaich no pian ann. Chan eil
tinneas, no dealachadh no
tiodhlacaidhean ann.


Tha a h-uile duine
ann an Nèamh
toilichte, còmhla
ri Dia gu bràth.




An rud as fheàrr, 's e gu bheil Nèamh airson balaich agus nigheanan (agus inbhich cuideachd) aig a bheil creideamh ann an Iosa Criosd mar shlànaighear.

Ann an Nèamh tha leabhar ann leis an ainm Leabhar-beatha an Uain. Tha e làn ainmean dhaoine. A bheil fhios agad cò na h-ainmean a tha sgriobhte ann? Ainm a h-uile duine aig an robh earbsa ann an Iosa.

A bheil d' ainm-sa ann?



Tha faclan mu dheireadh a' Bhiobaill mu dheidhinn
Nèamh a' toirt dhut cuireadh mìorbhaileach. "Agus
tha an Spiorad 's bean na bainnse ag ràdh, 'Thig!'
Agus an neach a chluinneas, canadh e, 'Thig!' Agus
an neach air a bheil pathadh, thigeadh e. 'S an neach
a tha a'



miannachadh,
gabhadh e de
dh'uisge na beatha."



Nèamh, Dachaigh Àillidh Dhè

Tha an sgeulachd seo à Facal Dhè,
Am Bioball, ri

Eòin 14; 2 Corintianaich 5;
Taisbeanadh 4, 21, 22

Tha an leabhran seo mar ghibt bho:
“Bheir fosgladh do bhriathar solas.”
Salm 119:130





A' Chrioch



Tha sgeul a' Bhiobaill ag innse dhuinn mu ar Dia mhìorbhaileach a chruthaich sinn agus a tha ag iarraidh gum bi thu eòlach Air.

Tha fios aig Dia gu bheil sinn air rudan dona a dhèanamh, rudan ris an can Easan peacadh. Is e bàs am peanas airson peacadh, ach tha gaol cho mòr aig Dia ort gun do chuir e an t-aon Mhac a bh' aige,

Ìosa, a bhàsachadh air Crois, agus a dh'fhlang airson nam peacaidhean agadsa. An uair sin thàinig Ìosa beò a-rithist agus chaidh E dhachaigh a Nèamh! Ma bhios tu a' creidsinn ann an Ìosa agus ag iarraidh Air do pheacaidhean a mhathadh, nì E sin! Thig E a thàmh annad an-dràsta, agus bidh tu beò còmhla Ris gu bràth.

Ma tha thu a' creidsinn gur e seo an fhìrinn, can seo ri Dia:
Ìosa chaoimh, tha mi a' creidsinn gur Tusa Dia agus gun tàinig thu don talamh a bhàsachadh air mo sgàth, agus gu bheil Thu beò a-rithist. Thig nam bheatha agus maith dhomh mo pheacaidhean gus am faigh mi beatha ùr an-dràsta, agus aon latha gun tèid mi a dh'fhuireach còmhla Riutsa gu sìorraidh. Cuidich mi a bhith gad leantainn agus a bhith beò air Do sgàth mar Do leanabh. Amen.

Leugh am Bioball agus bruidhinn ri Dia a h-uile latha! Eòin 3:16

